

# **Plana Gàidhlig 2021-2026**

## **Aithisg Bliadhna a Trì**

# Ro-ràdh

## Chaidh an dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig againn aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 21 Ògmhios 2021, agus mairidh e fad còig bliadhna.

Tha a' Ghàidhlig agus a cultar na pàirt chudromach de choimhearsnachdan, dualchas agus fèin-aithne na h-Alba. Le 11 puirt-adhair air feadh na h-Alba agus cha mhòr 1.5 millean luchd-siubhail ann an 2023/24, tha HIAL airson nas urrainn dha a dhèanamh gus taic a chumail ri leasachadh na Gàidhlig agus ri bhith a' togail a h-inbhe air feadh na h-Alba. Leis gu bheil suirbhidhean air comharrachadh nach eil Gàidhlig aig a' mhòr-chuid de luchd-siubhail agus co-obraichean HIAL, tha sinn a' toirt prìomhachas do ar n-oidhirpean anns na h-àiteachan puirt-adhair agus sgìrean far a bheil cleachdadh na Gàidhlig dualtach a' bhuaidh as motha a thoirt.

Tha sinn air gealltainn inbhe na Gàidhlig àrdachadh, ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart, agus cleachdadh a' chànain a bhrosnachadh.

Taobh a-staigh a' Phlana Ghàidhlig againn tha na gealltanasan coitcheann againn a' gabhail a-steach còig eileamaidean:

- Faicsinneachd
- Luchd-obrach
- Gnothaichean làitheil
- Conaltradh Corporra
- Corpas

Gus na gealltanasan againn a choileanadh, tha sinn air plana gnìomh ullachadh a tha a' mineachadh nan gnìomhan àrd-ìre a ghabhas sinn thairis air beatha a' Phlana. Tha am plana gnìomh an seilbh na buidhne air fad agus tha diofar roinnean an sàs ann a bhith a' libhrigeadh ar n-amasan.

Tha Lynne Clow, Stiùiriche neo-ghnìomhach air Bòrd HIAL, a tha air a bhith san dreuchd seo mar Gaisgeach a' Bhùird a' cumail sùil air ar gealltanasan Gàidhlig airson an dà bhliadhna a dh'fhalbh air a dreuchd fhàgail.

Tron àm aithris tha cuideaman ionmhasail air a bhith mu choinneamh HIAL agus tha ar prìomhachas ro-innleachdail fhathast air libhrigeadh nam prìomh gnìomhachdan agus a' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan air am prìomhachadh gus puirt-adhair a tha sàbhailte agus a tha a' gèilleadh ri riaghailtean a thoirt seachad. Tha na gnìomhan a chaidh a dhèanamh ann am bliadhna a trì a rèir nan amasan, agus prìomhachasan ro-innleachdail agus caitheamh ùraichte againn.

Ach, tha HIAL fhathast airson a bhith a' coileanadh a ghealltanasan sa Phlana Ghàidhlig far an gabh sinn dèanamh agus tha sinn toilichte aithris gun deach còrr is 82% de na h-amasan a tha air am mineachadh nar plana gnìomh airson bliadhna a trì a chrìochnachadh.

## Bòrd na Gàidhlig - Aithris Bhliadhnail

**Gach bliadhna bidh Bòrd na Gàidhlig ag iarraidh dàta air prìomh chomharran agus a' suidheachadh slatan-tomhais measaidh air am bi buidhnean poblach ag aithris. Cha robh HIAL air iarrtas fiosrachaidh fhaighinn airson na h-aithris bliadhnail nuair a chaidh an aithisg seo a chrìochnachadh.**

# Na choilean sinn

Tha sinn toilichte aithris gu bheil sinn air 14 de na 17 cinn-uidhe a choileanadh aig deireadh an dàrna bliadhna den Phlana Gàidhlig againn.

Tha dà de na trì amasan a tha air dheireadh a' dol air adhart agus thèid an crìochnachadh ann am bliadhna a ceithir. Is e an t-amas againn gum bi an ceann-uidhe a tha air fhàgail air a chriochnachadh ro dheireadh na h-ùine aithris còig bliadhna, mas e is gu bheil goireasan rim faighinn.

Inbhe	Àireamh / %	
Air targaid	14	82%
Air dheireadh air targaid	3	18%
Gun tòiseachadh air	0	0%
Air an stad no air an cur dheth	0	0%
<b>Iomlan</b>	<b>17</b>	<b>100%</b>



## Faicsinneachd

### Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Tha sinn air comharradh gu for-ghnìomhach far nach eil buidhnean agus com-pàirtichean air an taobh a-muigh a' cleachdadh suaicheantasan dà-chànanach HIAL agus nam port-adhair agus thug sinn seachad an fheadhainn ùraichte.
- Thug sinn a-steach soidhnichean dà-chànanach mar a bha iomchaidh airson soidhnichean ùra agus soidhnichean a bha a' dol an àite seann soidhnichean tron bhliadhna.

### Ni sinn na leanas:

- Leanaidh sinn oirnn a' cur suas soidhnichean dà-chànanach airson soidhnichean ùra agus ùraichte mar as iomchaidh.

# Na choilean sinn



## Luchd-obrach

### Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Rinn sinn grunn iomairtean air an taobh a-staigh gus an goireas Gàidhlig air ar portal ionnsachaidh a bhrosnachadh. Tha sinn air Duolingo a bhrosnachadh mar dhòigh ionnsachaidh agus air Seachdain na Gàidhlig a bhrosnachadh air feadh na buidhne.
- Chruthaich sinn earrann Plana Gàidhlig sònraichte air an eadra-lion againn agus chùm sinn iomairt adhartachaidh is mothachaidh do cho-obraichean.
- Fhuair sinn maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig gus seisean de thrèanadh mothachadh Gàidhlig a libhrigeadh ann am bliadhna a ceithir.

### Ni sinn na leanas:

- ath-sgrùdadh air an sgrùdadh fastaidh chorporra rè bliadhna a ceithir a thoirt air adhart.
- iomradh a thoirt air a' Phlana Ghàidhlig agus fios a chur mu na goireasan Gàidhlig againn taobh a-staigh an deas-bhòrd inntigridh againn.
- an seisean trèanaidh mothachadh Gàidhlig a bhrosnachadh do luchd-obrach HIAL gu lèir – le cuideam gu sònraichte air a bhith a' brosnachadh luchd-obrach a tha ag obair leis a' phoball a dhol ann.
- Bidh sinn a' tabhann àiteachan air an trèanadh mothachadh Gàidhlig againn do bhuidhnean com-pàirteachais mas e is gu bheil àiteachan bàna ann.



## Gnothaichean làitheil

### Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Rinn sinn sanasachd air na prìomh earrannan air duilleag eadra-lion a' Phlana Ghàidhlig againn agus air faidhlichean claisinn do ar co-obraichean poblach gus an t-eòlas agus am misneachd a thoirt dhaibh gu fàilte sa Ghàidhlig a thoirt do chustamairean.
- Sgaoil sinn fios a-rithist do na co-obraichean uile gu bheil stuthan iomairt #Cleachdi rim faighinn.
- Rinn sinn iomairt air an taobh a-staigh gus daoine a bhrosnachadh gus a bhith nan Tosgairean Gàidhlig.
- Thug sinn a-steach teachdaireachdan fòn dà-chànanach airson a h-uile port-adhair.
- Dhealbhaich sinn stuth sanasachd leis an t-suaicheantas dà-chànanach airson a chur air na sgrionaidheach fiosrachaidh mu sheirbheisean adhair taobh a-staigh nam port-adhair againn. Chaidh crìoch a chur air na deuchainnean tùsail.

### Ni sinn na leanas:

- Cuir crìoch air deuchainn agus thoir a-steach stuthan sanasachd leis an t-suaicheantas dhà-chànanach air sgrionaichean fiosrachaidh seirbheisean adhair.
- Cùm oirnn a' freagairt conaltradh Gàidhlig sam bith bho luchd-siubhail no luchd-ùidh fa leth.
- Dèan sanasachd air mar a bhios sinn a' freagairt conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig air làrach-lìn HIAL agus clàraich àrdachadh sam bith ann an conaltradh sgrìobhte.
- Tairgsich stuthan #Cleachdi dhan a h-uile co-obraiche a-rithist ann am bliadhna a ceithir.
- Ruith an iomairt a-rithist gus daoine a bhrosnachadh gus dreuchdan mar Thosgair Ghàidhlig a ghabhail.
- Cùm sùil air an iarrtas air conaltradh Gàidhlig ann am bruidhinn bho luchd-siubhail agus bho luchd-ùidh.
- Coimhead air na cothroman gus barrachd Gàidhlig a thoirt a-steach do na sgrionaichean fiosrachaidh airson seirbheisean adhair.
- Faigh a-mach a bheil e comasach seirbheisean luchd-siubhail agus bagannan làimhe a thabhann sa Ghàidhlig aig puirt-adhair far an e Gàidhlig cànan na coimhearsnachd.

# Na choilean sinn



## Conaltradh Corporra

### Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Lean sinn oirnn a' foillseachadh a h-uile sgrìobhainn corporra, phoblach ann am Beurla agus Gàidhlig agus a bhith gam foillseachadh air an làrach-lìn againn.
- Cho-roinn sinn susbaint dà-chànanach iomchaidh bho chunntasan meadhanan sòisealta HIAL. Chruthaich sinn cuideachd sreath de phuist airson Seachdain na Gàidhlig, le fòcas air briathrachas puirt-adhair.
- Chuir sinn eadar-theangachaidhean Gàidhlig air na prìomh dhuilleagan fiosrachaidh corporra air làrach-lìn HIAL.
- Chuir sinn crìoch air an t-susbaint airson duilleag mu chultar na Gàidhlig agus cleachdadh a' chànain san latha an-diugh airson làrach-lìn HIAL, a' gabhail a-steach a bhith ag ràdh gum faodar fios a chur thugainn ann an Gàidhlig sgrìobhte. Bidh seo a' dol beò anns a' chiad chairteil de bhliadhna a ceithir, ann am Beurla agus Gàidhlig.
- Rinn sinn postairean làn dhà-chànanach airson cleachdadh aig fèiltean dhreuchdan
- Choinnich sinn ri Fèisean nan Gàidheal agus Fèis Rois gus bruidhinn air cothroman co-obrachaidh sam bith gus ealain is cultar na Gàidhlig àrdachadh taobh a-staigh sgìre HIAL.

### Ni sinn na leanas:

- Cùm oirnn a' foillseachadh a h-uile sgrìobhainn corporra a tha mu choinneamh a' phobail ann am Beurla agus Gàidhlig.
- Dèan cinnteach gun tèid ùrachadh sam bith air na prìomh earrannan againn air làrach-lìn HIAL a dhèanamh aig an aon àm sa Bheurla agus sa Ghàidhlig.
- Cuir earrann ghoirid ann an Cairt Solaraichean ùr HIAL, gus am Plana Gàidhlig againn agus na tha sinn a' sùileachadh bho na solaraichean a chomharrachadh.
- Lean air adhart a' beachdachadh air iartasan sam bith airson seirbheisean eadar-theangachaidh mar aon sa Ghàidhlig aig prìomh thachartasan air stèidh cùis ma seach.
- Coimhead air cothroman gus grunn phuirt-adhair a thoirt a-steach do Chèilidh air Chuairt 2025 ann an co-bhonn ri Fèis Rois.



## Corpas

### Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Fhuair sinn dearbhadh sgrìobhte a thaobh gèilleadh ris na pròtacalan agus inbhean Gàidhlig a tha a dhith bhon eadar-theangair Gàidhlig a thathar a' cleachdadh gu cunbhalach gus ar n-obair eadar-theangachadh. Tha sinn air dearbhadh fhaighinn bho eadar-theangairean ad-hoc a chleachdas sinn bho àm gu àm gun lean iad na h-inbhean a tha a dhith.

### Ni sinn na leanas:

- Cumaidh sinn oirnn a' sireadh dearbhadh sgrìobhte bho eadar-theangairean ùra sam bith gum bi iad a' cumail ris a' phròtacal agus na h-inbhean a tha a dhith.

